

**DREACHD SÒNRACHADH SEIRBHEIS AIRSON  
SEIRBHEISEAN AISEIG CHLUAIDH AGUS INNSE GALL**

**PÀIPEAR CO-CHOMHAIRLEACHAIDH**

Riaghaltas na h-Alba, Dùn Èideann, 2004

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2004

ISBN: 0-7559-4415-1

Riaghaltas na h-Alba  
Taigh Naoimh Anndra  
Dùn Èideann  
EH1 3DG

Dèante airson Riaghaltas na h-Alba le Astron B36799 12/04 (Gaelic)

Foillsichte le Riaghaltas na h-Alba, Dùbhlachd, 2004

Tha lethbhreacan a bharrachd rim faotainn bho

Bùth-leabhraichean Bhlackwell  
53 Drochaid a Deas  
Dùn Èideann  
EH1 1YS

Tha 100% den sgrìobhainn seo clò-bhuailte air pàipear ath-chuairtichte agus a ghabhas ath-chuartachadh 100%

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach dhen tùs-sgrìobhainn

# SEIRBHEISEAN AISEIG CHLUAIDH AGUS INNSE GALL: SÒNRACHADH SEIRBHEIS

## PÀIPEAR CO-CHOMHAIRLEACHAIDH

CLÀR-INNSE	Duilleag
Ro-ràdh	5
Co-chomhairleachadh a Rinneadh Roimhe	6
Ceistean air a bheilear a' sireadh bheachdan cho-chomhairlichean	8
Ath Cheumannan	11
Leas-phàipear A – Tachartasan bho Cho-chomhairleachadh 2002	12
Leas-phàipear B – Prìomh atharrachaidhean ri Seirbheisean SACIG agus Sònrachadh Seirbheis bho 2002	13
Leas-phàipear C – Geàrr-chunntas de Fhreagairtean ri Co-chomhairleachadh 2002 air <i>Molaidhean airson Tairgsinn Seirbheisean Deatamach Aiseagan Chluaidh agus Innse Gall agus Freagairt Riaghaltas na h-Alba</i>	15
Leas-phàipear D – Sgaoileadh na Sgrìobhainne Co-chomhairleachaidh seo	27
Leas-phàipear E – Iomairt Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba	28



## SEIRBHEISEAN AISEIG CHLUAIDH AGUS INNSE GALL: SÒNRACHADH SEIRBHEIS – PÀIPÈAR CO-CHOMHAIRLEACHAIDH

### Ro-ràdh

1. Dh'ainmich Ministear na Còmhdhail air an 25 den Òg-mhios 2004 gum bu chòir cuairt eile de cho-chomhairle a chumail mun t-sònrachadh seirbheis airson Seirbheisean Aiseig Chluaidh agus Innse Gall. Bheir seo cothrom deireannach dhaibhsan aig a bheil ùidh, gus beachdachadh air an dreachd sònrachadh seirbheis mus tèid na seirbheisean a chur a-mach gu tairgse.
2. Tha a' cho-chomhairle seo a' sireadh bheachdan bho bhuidhnean aig a bheil ùidh, gus cuideachadh a thoirt don Riaghaltas ann a bhith a' cur crìoch air an t-sònrachadh seirbheis airson seirbheisean aiseig deatamach Chluaidh agus Innse Gall (SACIG).
3. Chaidh co-chomhairleachadh a chumail air ceistean mu phrionnsabal a thaobh an t-sònrachadh seirbheis ann an 2002. Thug co-chomhairlichean taic fharsaing do mholaidhean Mhinistearan air prìomh cheistean leithid mar a làimhsichear faraidhean is clàran-ama. Tha geàrr-chunntas de na prìomh atharrachaidhean do na seirbheisean agus an sònrachadh seirbheis as dèidh co-chomhairleachadh 2002 air a mhìneachadh ann an Leas-phàipear B, le geàrr-chunntas nas mionaidiche de fhreagairtean don a' cho-chomhairleachadh ann an Leas-phàipear C.
4. Mas e ur toil e, cuiribh ur freagairtean gu:  
[john.b.davidson@scotland.gsi.gov.uk](mailto:john.b.davidson@scotland.gsi.gov.uk)  
  
no  
  
Iain Davidson  
Roinn Còmhdhail 4  
Roinn Iomairt, Còmhdhail & Ionnsachadh Fhad-bheatha  
Riaghaltas na h-Alba  
2-F (taobh an doca)  
Cidhe Bhictoria  
Dùn Èideann  
EH6 6QQ
5. Ma tha ceistean sam bith agaibh, cuiribh fios gu Iain Davidson air 0131 244 0623.
6. Bhitheamaid nur comain nan dèanadh sibh soilleir nur freagairt, dè na ceistean no pàirtean den phàipear co-chomhairleachaidh don a bheil sibh a' toirt freagairt seach gun dèan seo an sgrùdadh againn air na freagairtean nas fhasa.
7. Faodar a' cho-chomhairle seo, agus eacarsaichean co-chomhairleachaidh eile le Riaghaltas na h-Alba, fhaicinn air-loidhne aig <http://www.scotland.gov.uk/consultations>. Faodaidh sibh fòn a chur an

asgaidh gu 0800 77 1234 gus faighinn a-mach far a bheil an ionad eadarlin phoblach as fhaisge oirbh.

8. Dh'fhaodadh gum biodh co-chomhairlichean airson am pàipear co-chomhairleachaidh seo a leughadh còmhla ris an dreachd Fiadhachadh gus Tairgsinn (FGT) a tha a' gabhail a-steach an sònrachadh seirbheis. Ach, 's e sgrìobhainn thomadach a tha san dreachd FGT (a' ruith gu 200 duilleag) agus dh'fhaodadh nach biodh ùidh aig mòran de na co-chomhairlichean ann an tòrr dhith. Tha na prìomh atharrachaidhean ris an t-sònrachadh, bho 2002, air an aithris ann an Leas-phàipear B. Ach, airson co-chomhairlichean a tha airson an dreachd FGT a leughadh, tha e ri fhaotainn gu dealanach air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba aig [www.scotland.gov.uk](http://www.scotland.gov.uk). Tha lethbhric rim faotainn cuideachd aig oifisean puirt is thiocaidean ChalMac agus ann an leabharlannan ionadail. Tha lethbhric a bharrachd den phàipear co-chomhairleachaidh agus den dreachd FGT rim faotainn bho Iain Davidson aig an t-seòladh gu h-àrd.
9. Bidh na freagairtean air fad rim faotainn don a' phoball ann an Leabharlann Riaghaltas na h-Alba agus air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba, mura h-eil dìomhaireachd air iarraidh. Thèid gach freagairt nach eil air a comharrachadh mar dìomhair a sgrùdadh airson stuth sam bith a dh'fhaodadh a bhith tuailleasach, mus tèid a clàradh san leabharlann no mus tèid a cur air an làrach-lìn.
10. Tha e air iarraidh air gach neach-freagairt Foirm Fiosrachaidh Luchd-freagairt a lìonadh, a chuidicheas sinn gus dèanamh cinnteach gun tèid freagairtean an luchd-freagairt a làimhseachadh ann an dòigh iomchaidh. Tha lethbhreac an cois gach sgrìobhainn co-chomhairleachaidh a chaidh a chur gu dìreach gu co-chomhairlichean. Gheibhear lethbhric a bharrachd bho Iain Davidson aig an t-seòladh gu h-àrd. Bu chòir do luchd-freagairt a thuigsinn gum bithear an dùil gu bheil na beachdan aca dìomhair mura lion iad Foirm Fiosrachaidh Luchd-freagairt.
11. Tha an liosta sgaoidh airson na sgrìobhainn co-chomhairleachaidh seo na cois ann an Leas-phàipear D.
12. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu Iomairt Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba na cois ann an Leas-phàipear E.

### **Co-chomhairleachadh a Rinneadh Roimhe**

13. Anns a' Ghiblean 2000, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba an sgrìobhainn co-chomhairleachaidh, *A' Libhrigeadh Seirbheisean Aiseig Dheatamach*. Bha sinn a' sireadh beachdan air roghainnean airson a bhith a' cur sheirbheisean aiseig dheatamach le subsaidhean a-mach gu tairgse airson gum b'urrainn dhaibh cumail a' dol fo riaghaltean an Aonaidh Eòrpaich. As dèidh beachdachadh air na freagairtean, chaidh molaidhean sealach ainmeachadh san Fhaoilleach 2001 agus chaidh an toirt don a' Choimisean Eòrpach airson beachdachadh orra (mar a tha e air iarraidh fo na riaghailtean). Dh'ainmich sinn san t-Samhain 2001 gun robh an Coimisean air comhairle a thoirt don Riaghaltas gun robh an t-slighe rèidh airson an lìonra slàn a chur a-mach gu

tairgse (mar a tha air a mhìneachadh ann am molaidhean an Riaghaltais). Ann an 2002 rinn Riaghaltas na h-Alba co-chomhairleachadh farsaing air na prìomh phrionnsabalan de dh'iomairt nan tairgsean nuair a chaidh an sgrìobhainn co-chomhairleachaidh, *Molaidhean airson Tairgsinn Seirbheisean Deatamach Aiseagan Chluaidh agus Innse Gall*, fhoillseachadh. Chaidh beachdan cho-chomhairlichean a shireadh air grunn de cheistean ioma-fhillte, nam measg ìrean seirbheis, roghainnean clàr-ama agus an siostam coileanaidh a bhathar a' moladh agus a bhiodh aig an neach-tairgse shoirbheachail ri choileanadh. Chaidh mu 600 lethbhreac den phàipear co-chomhairleachaidh a chur a-mach agus bha e cuideachd ri fhaotainn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba.

Ro dheireadh an tràth co-chomhairleachaidh san t-Sultain, fhuair e 440 freagairt mar a leanas:

Freagairtean Brìghmhor	189
Litrichean Coitcheann (a' buntainn ri Guireag-Dùn Omhain)	95
Bileagan (a' buntainn ri Guireag-Dùn Omhain)	156
Athchuing, a' buntainn ri Guireag-Dùn Omhain agus a chaidh a chur a-steach le Ailean Reid BPA agus Seòras Lyon BPA	5,500 ainm sgrìobhte

14. Tha sgrùdadh mionaideach air freagairtean co-chomhairle 2002 an cois seo ann an Leas-phàipear C.
15. Bha a' mhòr-chuid de na freagairtean do cho-chomhairle 2002 a thaobh molaidhean an Riaghaltais airson seirbheis do luchd-siubhail air chois a-mhàin air an t-slighe bho Guireag-Dùn Omhain. As dèidh tuilleadh chòmhradh leis a' Choimisean Eòrpach aig deireadh 2002, cho-dhùin Ministearan gun gabhadh an t-slighe bho Guireag-Dùn Omhain a chur a-mach gu tairgse le subsadaidh airson luchd-siubhail air chois a-mhàin, mar a tha an-dràsta, ann an dòigh a bheireadh roghainn do ghnìomhaichean co dhiubh a bheireadh iad seachad seirbheis airson luchd-siubhail air chois a-mhàin, no seirbheis mheasgaichte airson luchd-siubhail agus carbadan. Bha seo air a' bhun-stèidh gun deidheadh an t-seirbheis a chur a-mach gu tairgse air leth bhon a' chòrr den lionra. Chaidh na molaidhean seo a mhìneachadh sa phàipear co-chomhairleachaidh, *Molaidhean airson Tairgsinn Seirbheisean Aiseig bho Ghuireag gu Dùn Omhain*, a chaidh fhoillseachadh sa Mhàirt 2003. Fhuair e mòran fhreagairtean don an dàrna co-chomhairle seo, a' mhòr-chuid dhiubh ag argamaid nach robh am moladh làidir gu leòr ann a bhith a' barantachadh seirbheis charbadan. Tha Ministearan ag ainmeachadh an co-dhùnaidhean air a' cheist seo fa leth.
16. Roi-cheangail co-chomhairle 2002 Ministearan ri co-chomhairle fa leth mu rèiteachaidhean an ama ri teachd a thaobh a bhith a' co-chomhairleachadh le luchd-cleachdaidh nan aiseagan, iadsan sna h-Eileanan a Tuath nam measg. Chaidh pàipear co-chomhairleachaidh, *Seirbheisean Aiseig Chluaidh agus Innse Gall, agus na h-Eileanan a Tuath: Co-chomhairleachadh san Àm ri Teachd le Luchd-cleachdaidh Aiseagan*, fhoillseachadh anns an Dàmhar 2002. Chaidh beachdan a shireadh air molaidhean a bha a' gabhail suim do mhiannan nam Ministearan airson rèiteachaidhean nas treasa agus nas

èifeachdaiche airson co-chomhairleachadh le luchd-cleachdaidh aiseagan, a' gabhail a-steach aiseagan anns na h-Eileanan a Tuath. Tha co-dhùnaidhean nam Ministearan air am mineachadh ann an earrannan 21 gu 23 de Leas-phàipear C.

17. Tha tachartasan air a bhith ann cuideachd aig ìre Eòrpach a bha feumach air beachdachadh a thaobh iomairt nan tairgsean. Tha na ceistean seo, nam measg co-dhùnadh 2003 Cùirt Ceartais na h-Eòrpa sa chùis Altmark, air am mineachadh nas mionaidiche ann an Leas-phàipear A.

### **Ceistean air a bheilear a' sireadh bheachdan cho-chomhairlichean**

#### *Clàran-ama agus Seirbheisean*

18. As dèidh co-chomhairle 2002 chaidh àireamh de mhion-ghrinneasan agus àrdachaidhean a dhèanamh ri seirbheisean SACIG. Tha iad seo air am mineachadh ann an Leas-phàipear B. Tha CalMac air leantainn air adhart a' co-chomhairleachadh gu cunbhalach le luchd-cleachdaidh mu na seirbheisean. Mar sin, as aonais mòr-sgrùdadh air na seirbheisean, tha sinn den bheachd gu bheil na seirbheisean agus an clàr-ama ag obrachadh gu math gus feumalachdan eadar-dhealaichte nan coimhearsnachdan a tha SACIG a' frithealadh a choileanadh, gu h-àraid ri linn chuingealachaidhean a' chabhlaich agus bacaidhean ionmhasail. **Ach, thathar a' toirt fiadhachadh do luchd-freagairt gus beachdachadh air co dhiubh a tha atharrachaidhean eile ann a thaobh seirbheisean agus/no clàran-ama a dh'fhaodadh a bhith buannachdail do luchd-cleachdaidh.** Beachdaichidh Ministearan orra seo mus tèid co-dhùnadh a dhèanamh mun t-sònrachadh seirbheis.
19. Thathar a' sireadh bheachdan air ceistean sam bith a thaobh clàran-ama no seirbheisean. Ach, thathar gu h-àraid a' sireadh bheachdan cho-chomhairlichean a thaobh molaidhean airson nan Eileanan Beaga, Liosmòr agus Malaig-Loch Baghasdail.

#### *Na h-Eileanan Beaga*

20. Dh'iarr dithis den luchd-freagairt co-chomhairle 2002 gun deidheadh solarachadh a dhèanamh airson gum faodadh clann-sgoile tilleadh dhachaigh aig an deireadh-sheachdain. Aig a' cheart àm tha 2 sheòladh ann gach Disathairne as t-samhradh, agus tha 1 seòladh ann gach Disathairne sa gheamhradh, a tha a' frithealadh gach eilean ann am buidheann nan Eileanan Beaga. Chan eil seòlaidhean Sàbaid ann bho no gu na h-Eileanan Beaga. Tha an t-seirbheis a' ruith tràth Dihaoine agus chailleadh a' chlann an latha-sgoile sin nan cleachdadh iad i. Mar an ceudna, gach Diluain tha an seòladh anmoch air ais a Mhalaig a' ciallachadh gun deidheadh an latha-sgoile sin a chall cuideachd. Tha CalMac air am fuasgladh seo a mholadh:

Seòladh Sàbaid a bharrachd à Malaig. Ach, cha toireadh seo ach fuasgladh gu ìre i.e cuairt dhachaigh airson 24 uair a thìde do chloinn-sgoile. Mar sin, tha CalMac air moladh gum faodar seòladh anmoch a ruith feasgar Dihaoine ach nach gabhadh seo a choileanadh, air sgàth riaghailtean Uairean Fois, ach le

bhith a' stad aon dhe na seòlaidhean Disathairne bho chlàr-ama an t-samhraidh. Ach, thathar a' cur luach shònraichte air an t-seòladh dhùbailte Disathairne seach gu bheil e goireasach do luchd-turais.

**21. Chuireamaid fàilte air beachdan cho-chomhairlichean air na roghainnean a leanas:**

**Roghainn A – seòladh Sàbaid a bharrachd a-mhàin. Bheireadh seo cuairt dhachaigh airson 24 uair a thìde do chloinn-sgoile agus cha chuireadh seo bacadh air an t-seirbheis dhùbailte Disathairne a tha buannachdail do luchd-turais agus dhaibhsan a tha nan gnìomhaichean luchd-turais.**

**Roghainn B – seòladh Sàbaid a bharrachd agus seòladh anmoch a bharrachd Dihaoine. Bheireadh seo deireadh-sheachdain slàn aig an dachaigh do chloinn-sgoile ach, as t-samhradh, bhiodh seo a' ciallachadh gun deidheadh an t-seirbheis dhùbailte Disathairne a chall.**

22. Mura h-eil roghainn soilleir bho choimhearsnachdan nan Eileanan Beaga airson aon de na roghainn seo, fanaidh an clàr-ama mar a tha e. Mar sin, bheireamaid brosnachadh làidir do dh'eileanaich gus fuasgladh a lorg a bhiodh freagarrach dhaibhsan agus dhuinne.

*Liosmòr*

23. Bha co-chomhairle 2002 a' sireadh beachdan air mar a dh'fhaodadh reusantachadh a dhèanamh air na seirbheisean eadar Liosmòr agus tir-mòr. Cha d'fhuair eadhon co-dhùnadh às na freagairtean:

Roghainn 1 – bha 19 neach-freagairt ag iarraidh cùisean fhàgail mar a bha (seirbheis charbadan dhan Òban agus seirbheis luchd-siubhail a Phort Apainn).

Roghainn 2 – bha 12 neach-freagairt ag iarraidh reusantachadh gu ìre (seirbheis luchd-siubhail dhan Òban agus seirbheis charbadan a Phort Apainn). Ach, thug 5 den luchd-freagairt seo taic cuideachd do Roghainn 1 seach gun robh an dragh a bu mhotha orra mu sheirbheis an luchd-siubhail dhan Òban, agus thug 2 taic do roghainn 3 cuideachd.

Roghainn 3 – bha 6 neach-freagairt ag iarraidh reusantachadh (gun seirbheis a bhith a' dol dhan Òban idir agus seirbheis charbadan a bhith a' dol a Phort Apainn)

24. Bha goireasachd a' cheangail dhan Òban air fhaicinn mar a' phrìomh bhuannachd, gu h-àraid do sheann daoine, euslaintich agus ciorramaich. Chaidh a ràdh gun robh a' phrìomh choimhearsnachd ann an Liosmòr suidhichte aig Ach na Croise, aig ceann a deas an eilein, a' ciallachadh nach biodh seirbheis bho Phort Apainn cho goireasach, agus chaidh a mhìneachadh gur e an t-Òban, seach Port Apainn a bha luchd-siubhail airson a ruighinn. Bha Inbhe beatha air ainmeachadh le mòran nach robh ag iarraidh gum biodh barrachd charbadan air an eilean fhad 's a bhiodh càraichean a' draibheadh gu tuath airson ceangal charbad agus/no barrachd trafaig bho luchd-turais.

Bhathar an dùil gun robh am moladh airson seirbheis charbad a Phort Apainn a' gabhail taobh luchd nan càraichean seach còmh-dhail phoblach. Bhathar cuideachd a' toirt aire chun an riatanais airson a bhith a' tasgadh an deagh chuid airgid ann am bunstructair (rathaidean agus cidheachan an dà chuid aig Port Apainn agus air Liosmòr).

25. Air an làimh eile, bha cuid den luchd-freagairt a' tagradh gur fhada bhon a bha feum air slighe mara na b' fhasgaiche agus na bu ghiorra, agus gun toireadh seo cothrom airson seirbheisean a bhiodh na bu trice agus na b' earbsaiche, agus bheireadh seo piseach air an eaconomaidh agus bhrosnaicheadh e turasachd agus gnìomhachasan eile.
26. Bu chòir cuimhneachadh nach deach measaidhean mionaideach a thaobh buannachd-cosgais a dhèanamh airson gin de na roghainnean agus fiù 's nan deidheadh aontachadh air roghainnean eile seach an solarachadh a th' ann mar-thà, dh'fheumadh sgrùdaidhean mionaideach leithid seo a dhèanamh mus deidheadh beachdachadh dha-rìreabh air gin de na h-atharrachaidhean. A bharrachd, tha e soilleir gum biodh feum air tasgadh sònraichte airgid sa bhunstructair nan deidheadh seirbheis charbad a chur gu Port Apainn.
27. Le dà sheirbheis fa leth, tha Liosmòr mar-thà a' faighinn deagh sheirbheis an coimeas ri eileanan eile den aon seòrsa meudachd ann an lionradh SACIG. Seach nach robh, a rèir coltais, co-aontachd shoilleir ann bhon a' choimhearsnachd, agus seach gum biodh cosgais a dh'fhaodadh a bhith gu math mòr an luib atharrachaidhean chun an t-solarachaidh a th' ann an-dràsta, tha feum air tuilleadh beachdachaidh mu sholarachadh sheirbheisean a Liosmòr san àm ri teachd. Bho chionn ghoirid, chaidh co-chomhairle a bharrachd a stiùireadh gu h-ionadail mun a' cheist seo, agus tha an Riaghaltas a' toirt taic dhan an dòigh-làimhseachaidh co-aontachail seo. Sheall an sgrùdadh mu dheireadh gun robh freagairt mheasgaichte ann, ged a bha a' chuid a bu mhotha den taic airson seirbheis mheudaichte airson aiseag charbadan eadar an t-Òban agus Ach na Croise. Tha an Riaghaltas an dùil aire a thoirt do thoraidhean an sgrùdaidh seo nuair a thathar a' beachdachadh air solarachadh airson Liosmòr san àm ri teachd. **Ach, thathar a' sireadh bheachdan a bharrachd bho cho-chomhairlichean air a' cheist seo.**
28. Bidh co-chomhairlichean airson cuimhneachadh gu bheil Ministearan am beachd tairgsinn air bun-stèidh nan seirbheisean a tha CalMac a' ruith do Liosmòr aig a' cheart àm. Dheidheadh beachdachadh air atharrachaidhean sam bith a thaobh na seirbheis san ath chùmnant agus as dèidh sin, agus dh'fheumadh beachdachadh orra an cois leasachadh seirbheis eile san ùine fhada agus feumalachdan bunstructair thairis air an lionradh.

#### *Malaig – Loch Baghasdail*

29. Bha cuid den luchd-freagairt do cho-chomhairle 2002 ag iarraidh gun toirear a-steach seirbheis a dheidheadh dìreach eadar Malaig agus Loch Baghasdail. Bidh co-chomhairlichean airson cuimhneachadh gu bheil Ministearan an dùil ìre na seirbheis a tha ann an-dràsta thairis air an lionra a dhion agus mar sin, chan urrainnear dealas a thoirt do sheirbheis Malaig-Loch Baghasdail gus am

bi fios air na builean ionmhasail is eile a dh'fhaodadh a bhith ann. Ach, bidh CalMac a' cur measadh air adhart, a' cleachdadh dòigh-làimhseachaidh Stiùireadh Measaidh Còmhhdail na h-Alba (SMCA). As dèidh sin, tha an Riaghaltas an dùil obrachadh le CNES, Comhairle na Gaidhealtachd, OGE agus CalMac gus molaidhean a leasachadh.

*Sgrùdadh san Amharc.*

30. Mar a chaidh a mhineachadh ann an co-chomhairle 2002, nì an Riaghaltas sgrùdadh, rè a' chiad chùmhnannt, air na seirbheisean (nam measg na molaidhean leantainneach airson nan slighean thar-talmhainn airson Muile agus Ìle-Diùra), agus faraidhean. **Thathar ag iarraidh air co-chomhairlichean ceistean seirbheis is faraidhean a mholadh, ris am faodar coimhead mar phàirt den rannsachadh a thathar a' moladh airson solarachaidh na seirbheis san ùine fhada.** Thathar an dùil gun lean an rannsachadh seo air adhart don dàrna cùmhnannt. Mar a bhiodh dùil, 's ann aig Ministearan a bhios an co-dhùnadh aig a' cheann thall a thaobh dè na ceistean a bheirear air adhart.

**Ceistean air a bheilear a' sireadh beachdan cho-chomhairlichean:**

- atharrachaidhean a thathar a' moladh a thaobh nan seirbheisean is nan clàran-ama, nam measg ceistean sònraichte a' buntainn ris na h-Eileanan Beaga, Liosmòr agus Malaig-Loch Baghasdail
- molaidhean airson ceistean air a bheilear gus beachdachadh mar phàirt den rannsachadh a tha san amharc rè a' chiad phàirt dhen chùmhnannt.

**Ath Cheumannan**

31. **As dèidh beachdachadh air freagairtean don cho-chomhairleachadh seo, tha an Riaghaltas an dùil gun tòisich a' tairgsinn ann an 2005. Ach, bidh seo a rèir an adhartais a thathar a' dèanamh air ath-structaradh Chaledonian Mac a' Bhriuthainn.**
32. Bidh co-chomhairlichean airson cuimhneachadh nach eilear an dùil gun tèid seirbheisean agus clàran-ama a chur air dòigh airson an ùine fhada, rè tràth a' chùmhnannt. Rè an ùine seo bhiodh cothrom ann, ann am prionnsabal, gus atharrachaidhean aontachadh, fhad 's a bhiodh an gnìomhaiche air an aontachadh leis na coimhearsnachdan ionadail a tha an sàs, tron uidheam co-chomhairleachaidh, agus gu bheil na builean ionmhasail freagarrach do Riaghaltas na h-Alba.

**TACHARTASAN BHO CHO-CHOMHAIRLE 2002**

1. Tha an Leas-phàipear seo a' mineachadh nam prìomh tachartasan bho cho-chomhairle 2002 agus na prìomh atharrachaidhean a rinneadh ri seirbheisean SACIG.

*Ceistean AE*

2. Thog co-dhùnadh Cùirt Ceartais na h-Eòrpa ann an cùis Altmark san t-samhradh 2003, tuairmeas am measg bheachdairean mu na builean a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh a bhith a' tairgsinn sheirbheisean aiseig Chluaidh agus Innse Gall. Choinnich Ministear na Còmh-dhail ris a' Choimisean Eòrpach sa Ghiblean 2004 gus beachdachadh air na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig Altmark air planaichean an Riaghaltais airson nan seirbheisean sin. As dèidh na coinneimh sin, tha e a-nis soilleir gu bheil riatanas ann fhathast gun cuir an Riaghaltas na seirbheisean a-mach gu tairgse. 'S iad na h-abharan airson seo:
  - Bha a' chùis Altmark a' cur cuideam air a' cheist mu co dhiubh a bha pàigheadh co-ionnan ri cobhair bhon an stàit. Tha na riatanasan airson tairgsinn poblach de sheirbheisean aiseig a' tighinn bhon Riaghailt Cabotage Mara.<sup>1</sup> Tha bun Cunraidh eadar-dhealaichte aig an riaghailt seo seach riaghailtean cobhair Stàite. Mar sin chan eil breithneachadh Altmark a' toirt buaidh air a' cheist de co dhiubh a tha feum air tairgsinn poblach.
  - Tha an Riaghailt Cabotage Mara a' cur an cèill, far a bheil Ball Stàite a' co-dhùnadh cùmhnantan seirbheis poblach no a' leigeil uallachaidhean seirbheis phoblach, gun dèan e seo air bunait neo-lethbheitheach a thaobh luchd-seilbh shoithichean Coimhearsnachd. Cha robh an Coimisean a' sùileachadh gum biodh suidheachaidhean sam bith ann far am b'urrainnear riatanasan an riaghailt seo a shàsachadh a thaobh seirbheisean Chluaidh agus Innse Gall as aonais tairgsinn. Cha do dh'atharraich breithneachadh Altmark a bheachd air an seo ann an dòigh sam bith.
3. Dh'fhoillsich an Coimisean Eòrpach cuideachd, san Dùbhlachd 2003 agus san Fhaoilleach 2004, stiùireadh ath-sgrùdaichte<sup>2</sup> air eadar-mhineachadh nan Riaghailtean Cabotage Mara. Tha sinn san fharsaingeachd a' cur fàilte air na molaidhean a tha a' sireadh barrachd sùbailteachd airson Buill Stàite a thaobh comainean agus cùmhnantan seirbheis phoblach. Tha e cuideachail gu bheil na riaghailtean a-nise ag aithneachadh slighean tìr-mòr gu tìr-mòr, a' tairgsinn nan slighean mar aon phasgan agus am feumalachd gum bi soithichean rim

<sup>1</sup> Riaghailt Comhairle (CEE) Àir. 3577/92 den 7 Dùbhlachd 1992 a' cur an gnìomh a' phrionnsabail airson saorsa gu seirbheisean còmh-dhail mara a sholarachadh taobh a-staigh Buill Stàite (cabotage mara)

<sup>2</sup> COM (2003) 595 Conaltradh bhon a' Choimisean gu Pàrlamaid na h-Eòrpa, a' Chomhairle, Comataidh Eaconomach is Shòisealta na h-Eòrpa agus Comataidh nan Roinnean mu eadar-mhineachadh de Riaghailt Comhairle (CEE) àir. 3577/92 (foillsichte Dùbhlachd 2003); agus Conaltradh Coimisein C(2004)43 – Stiùiridhean Coimhearsnachd air cobhair Stàite de chòmh-dhail mara (2004/C 13/03) (foillsichte Faoilleach 2004)

faotainn far a bheil iad seo gun samhail. Tha seo a' riochdachadh deagh adhartas agus ag aithneachadh riochdachaidhean a rinn an Riaghaltas don a' Choimisean. Tha deasbad poblach air a bhith ann a thaobh nam molaidhean airson nan eileanan beaga. Ach, seach gu bheil riatanas ann luchdachaidhean a chur còmhla far a bheil grunn eileanan beaga air am frithealadh le aon ghnìomhaiche, chan eil coltas ann gum faigh a' mhòr chuid de shlighean na h-Alba buannachd às an t-sùbailteachd a thathar a' moladh.

### **Leas-phàipear B**

#### **PRÌOMH ATHARRACHAIDHEAN DO SHEIRBHEISEAN SACIG AGUS SÒNRACHADH SEIRBHEISE BHO 2002**

1. Tha an Leas-phàipear seo a' mineachadh nam prìomh atharrachaidhean do sheirbheisean SACIG agus an dreachd sònrachadh seirbheis bho cho-chomhairle 2002.

#### *Atharrachaidhean do na Seirbheisean*

2. Chan eil seirbheisean aiseig Chluaidh agus Innse Gall air stad bho cho-chomhairle 2002. Bho 2002 tha MV Loch Portain agus MV Coruisk air tighinn còmhla ris a' chabhlaich, tha Ministearan air daingneachadh gu bheil maoinachadh ann airson Soitheach Uisgeachan Fasgach ùr airson slighe Bàgh Wemyss-Baile Bhòid, agus tha obair a' dol air adhart san Òban gus goireasan a leasachadh an-sin.
3. Chaidh beachdachadh cùramach a thoirt do fhreagairtean co-chomhairle 2002 air fad agus, far am b'urrainnear leasachaidhean is àrdachaidhean a thoirt air na seirbheisean gun a bhith a' toirt buaidh shònraichte air an riatanas airson subsadaidh, no gun a bhith a' cur bacadh air seirbheisean eile, chaidh na h-atharrachaidhean sin a dhèanamh mar a leanas:
  - san Dùbhlachd 2003 dh'ainmich Ministear na Còmhdhail nach biodh aig luchd-cleachdaidh cunbhalach de cheithir slighean aiseig ri leasachadh a phàigheadh tuilleadh gus siubhal air seòlaidhean aig na h-amannan as trainge, bho thoiseach ràith an t-samhraidh 2004. Tha na rèiteachaidhean ùra a' ciallachadh gum faodar leabhraichean de thiocaidean 6 agus 10 ioma-chuairtean a chleachdadh air seòlaidhean ainmichte aig an fharadh choitcheann. 'S iad na slighean air a bheilear a' toirt buaidh Àird Rosain-Tràigh a' Chaisteil (càr), An t-Òban-Creag an Iubhair (càr), Ceann na Creige-Ìle (càr) agus An Leargaidh Ghallda-Cumbràigh (luchd-siubhail is càr).
  - mar a chaidh ainmeachadh ann am pàipear co-chomhairleachaidh 2002 chaidh seirbheis charbaid geamhraidh Mhalaig-Armadail agus seirbheis geamhraidh An Tairbeirt-Port a' Mhadaidh a thoirt a-steach do sheirbheisean aontaichte ChalMac sa gheamhradh 2002/03. Cuideachd, mhol pàipear co-chomhairleachaidh 2002 seirbheisean aiseig ùra no àrdaichte – seirbheis Caolas Bharraigh, seirbheis àrdaichte airson Caolas Na Hearadh, seirbheis geamhraidh airson luchd-siubhail eadar Cille

Chòmhain is Tobar Mhoire, agus seirbheisean àrdaichte a-mach às an Òban as t-samhradh. As dèidh beachdachadh air freagairtean, dh'ainmich Ministearan sa Mhàirt 2003 gun deidheadh seirbheis geamhraidh Cille Chòmhain-Tobar Mhoire a leudachadh gus carbadan a ghiùlain. Agus, far an urrainnear taobh a-staigh bacaidhean sàbhailteachd (i.e. gum feumar an t-slighe a sheòladh ri solas an latha), chaidh seirbheisean a bharrachd air Caolas Na Hearadh a chur do Chlàr-ama a' gheamhraidh 2003/04. Tha na seirbheisean seo uile a-nis an gnìomh. Thòisich seirbheis Caolas Bharraigh sa Ghiblean 2003 agus bha seirbheis luchd-siubhail agus charbadan mar phàirt de chlàr-ama a' gheamhraidh 2003-04.

- Tha clàr-ama samhraidh Cholbhasa a-nise a' dèanamh cinnteach gun urrainn do chloinn-sgoile tilleadh chun an eilein aig deireadh-sheachdainean. Chaidh beachdachadh air co dhiubh a bhiodh e comasach seirbheis a sholarachadh gus leigeil le cloinn-sgoile tilleadh do Cholla is do Cholbhasa aig an deireadh-sheachdain rè clàr-ama a' gheamhraidh. As dèidh deasbaireachd le CalMac, tha e soilleir nach biodh seirbheis chunbhalach comasach seach gu bheilear a' call solas an latha cho tràth, agus ri linn an aimsir gheamhraidh. Gu sònraichte, tha e coltach gum feumar cùl a chur ri cuid de na seòlaidhean a bhiodh a' tilleadh sgoilearan dhan Òban anmoch air an oidhche.
- Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn cuideachd air leantainn orra a' co-chomhairleachadh le luchd-cleachdaidh, tro Chomataidhean Comhairleachaidh Sheirbheisean Loingeis, gus tuilleadh grinneis is leasachaidh a thoirt air na seirbheisean, leis a' chuairt mu dheireadh den a' cho-chomhairleachadh leis a' Chompanaidh a' tachairt tràth ann an 2004 airson clàran-ama geamhraidh 2004/05 agus samhraidh 2005.

#### *Atharrachaidhean ris an t-Sònrachadh Seirbheis*

4. San fharsaingeachd chuir co-chomhairlichean fàilte air molaidhean an Riaghaltais airson tairgsinn. Ach, as dèidh beachdachadh air freagairtean do cho-chomhairleachadh, chaidh àireamh de dh'atharrachaidhean a dhèanamh ris an t-sònrachadh seirbheis:
  - chaidh an sònrachadh seirbheis a neartachadh gus iarraidh air an neach-tairgse soirbheachail beachdachadh air feumalachdan luchd-siubhail ciorramach agus, gu sònraichte, ruigsinneachd seirbheis agus fiosrachaidh.
  - leasachaidhean a thaobh na Gàidhlig (a' brosnachadh fasdadh de co-dhiù aon bhall den chriùtha as urrainn a' Ghàidhlig a bhruidhinn air slighean iomchaidh).
  - neartachadh a thaobh an riathanas gun urrainn do bhuill a' chriùtha a tha a' dèiligeadh ri luchd-siubhail Beurla a bhruidhinn.
  - a thaobh an siostam coileanaidh, a' chòir ceumannan a ghabhail as dèidh do 7 latha de chion seirbheis a bhith air a lùghdachadh gu 4 latha (chaidh

meòmhrachadh air a seo ann an dreachd sònrachadh seirbheis Guireag-Dùn Omhainn 2003).

- cuideachd a thaobh an siostam coileanaidh, chaidh na stairsnichean airson earbsachd is tràthalachd iomchaidh àrdachadh.
- a' cur cuideam air an fheumalachd gus amalachadh le modhan còmhdhail eile a chumail suas agus a leasachadh.
- rèiteachaidhean nas teinne airson sgrùdadh chùmhnanntan.
- chan fheum seirbheisean ullachadh bìdh, cumail gu dlùth ris na solarachaidhean a tha ann an-dràsta. An àite seo bìdh sùbailteachd ann do luchd-tairgse, air a' chùmhnannt gum bi co-dhiù ùrachaidhean aotrom air an solarachadh air turasan goirid agus gum bi biadh teth ri fhaotainn air turasan nas fhaide.
- thèid clàr-ama an t-samhraidh òrdachadh gus tòiseachadh aig toiseach làithean-saora na Càisge don a' mhòr chuid de sgoiltean na h-Alba, no Dihaoine na Càisge, ge brith dè as tràithe, agus gum mair sin co-dhiù 28 seachdain den a' bhliadhna. Cha bhiodh clàr-ama samhraidh stèidhichte iomchaidh seach gum bi làithean-saora na Càisge a' gluasad.
- chaidh an t-slighe eadar Guireag agus Dùn Omhain a thoirt às gus coinneachadh ri draghan na coimhearsnachd mu sheirbheis leantainneach airson charbadan agus, fo na molaidhean a chaidh fhoillseachadh ann an 2003, thèid an tairgsinn fa leth. Ach, thathar fhathast a' deasbairachd mun t-slighe eadar Guireag-Dùn Omhain agus ainmichidh Ministearan an co-dhùnaidhean fa leth.

### **Leas-phàipear C**

#### **GEÀRR-CHUNNTAS DE FHREAGAIRTEAN CO-CHOMHAIRLEACHADH 2002 AIR MOLAIIDHEAN AIRSON TAIRGSINN SEIRBHEISEAN DEATAMACH AISEAGAN CHLUAIDH AGUS INNSE GALL AGUS FREAGAIRT RIAGHALTAS NA H-ALBA**

1. Tha an Leas-phàipear seo a' toirt geàrr-chunntas mionaideach de fhreagairtean co-chomhairle 2002 agus a' mineachadh freagairt an Riaghaltais.

*A' tairgsinn nan slighean mar phasgan singilte*

2. Tha am pasgan singilte mar phrìomh phàirt de mholaidhean an Riaghaltais agus fhuair an roghainn seo taic mòr. Bheachdaich 28 neach-freagairt air a' phasgan shingilte, le 23 neach-freagairt a' toirt taic sònraichte dha. Dh'ainmich an luchd-freagairt seo gun robh buannachdan an cois sùbailteachd, margaideachd agus tèarainteachd seirbheis. Bha uallach orrasan a bha teagmhach mun phasgan shingilte, nach biodh àite san dòigh-làimhseachaidh seo airson co-fharpais agus airson a bhith a' brosnachadh innleachdas. Tha sinn a' faicinn gu soilleir gu bheil buannachdan mòra an lùib

a bhith a' cumail suas lionra de sheirbheisean aonaichte agus tha sinn a' daingneachadh gun tèid an lionra a chur a-mach gu tairgse mar aon phasgan. Gun teagamh, tha seirbheis Guireag-Dùn Omhain air a thoirt a-mach às a' phasgan fhad 's a tha Ministearan a' dèanamh tuilleadh beachdachaidh air a' cheist.

#### *Slighean Tìr-mòr gu tìr-mòr*

3. Chuir 14 luchd-freagairt fàilte aon-ghuthach air gabhail a-steach slighean tìr-mòr gu tìr-mòr An Tairbeart-Port a' Mhadaidh agus Guireag-Dùn Omhain.

#### *Seirbheis Aiseig Guireag-Dùn Omhain*

4. Bha 88 freagairt bhrìghmhor fa leth ann a' beachdachadh air na molaidhean airson Guireag-Dùn Omhain, agus bha 86 dhiubh seo an aghaidh nam molaidhean. A bharrachd, fhuair 95 litrichean coitcheanna, 156 bileagan agus athchuinge le 5,500 ainm-sgrìobhte a bha a' dol an aghaidh nam molaidhean. B' e prìomh sparradh nam freagairtean seo gun robh deòin làidir aig a' choimhearsnachd gus seirbheis luchd-siubhail agus charbadan a ghlèidheadh eadar meadhan bhailtean Ghuireig agus Dùn Omhain. Am measg nan ceistean sònraichte a thogadh bha soirbheachadh eaconomach na sgìre, comas na ghiùlaineadh na h-Aiseagan Siar agus ceistean a thaobh trafaig, dragh gun robh an t-seirbheis charbadan gu bhith air a solarachadh le aon ghnìomhaiche, agus teagamh gum biodh seirbheis luchd-siubhail a-mhàin earbsach. Bha teagamh aig luchd-freagairt eile mu mhìneachadh an Riaghaltais de lagh AE no mhol iad fuasglaidhean a thaobh aodion subsadaidh air seirbheis mheasgaichte.
5. Mar a chaidh beachdachadh ann an earrann 15 den phrìomh phàirt den phàipear co-chomhairleachaidh seo, b' e am moladh gun deidheadh seirbheis aiseig Guireag-Dùn Omhain a chuingealachadh gu seirbheis do luchd-siubhail a-mhàin, a bha ag adhbhrachadh na connspaid a bu mhotha sa phàipear co-chomhairleachaidh agus lean seo air adhart gu pàipear co-chomhairleachaidh eile sa Mhàirt 2003 air molaidhean ath-sgrùdaichte. Tha Ministearan ag ainmeachadh an co-dhùnaidhean air a' cheist seo fa leth.

#### *VesCo*

6. Mhol an Riaghaltas gum bu chòir do Chaledonian Mac a' Bhriuthainn Earranta a bhith air ath-structaradh gu dà chompanaidh fa leth, aon a ghabhadh sealbh air soithichean (VesCo) agus aon a bhiodh a' gnìomhachadh (OpsCo), agus chaidh molaidhean mionaideach airson an VesCo a mhìneachadh. Bheachdaich 34 neach-freagairt air na molaidhean seo, le 10 neach-freagairt a' cur fàilte gu sònraichte air an VesCo, 11 a' nochdadh dragh mu thaobhan dheth, agus 13 a' beachdachadh air ceistean sònraichte leithid far am faodadh Prìomh Oifisean a' chompanaidh a bhith stèidhichte. Bha iadsan a bha a' cur fàilte air na molaidhean ag aontachadh gum bu chòir do na soithichean fuireach ann an sealbhadaireachd phoblach agus gun toireadh seo dìon do na soithichean a bha air an dealbhachadh gu sònraichte airson an cleachdadh air an lionra.

7. Bha breithneachaidhean a' buntainn ri uallach gum faodadh a bhith a' roinn CalMac do chompanaidhean seilbh agus gnìomhachaidh an dleastanas airson ceistean sàbhailteachd a dhèanamh mì-chinnteach, nach b'urrainn dhan a' ghnìomhaiche airgead a thasgadh gu dìreach no a bhith innleachdach, agus gum bu chòir criùthaichean nan soithichean a bhith air am fastadh le VesCo seach a' chompanaidh gnìomhachaidh. Tha na molaidhean ath-structaraidh airson a' chompanaidh ioma-fillte agus tha sinn gu làidir a' cur romhainn gun soirbhich leinn. Gu cudromach, tha na molaidhean a tha ann an-dràsta a' dèanamh cinnteach gum fuirich a' chabhlach ann an sealbhadaireachd agus smachd phoblach, a' dìon an tasgaidh airson cùmhnantan san àm ri teachd. Tha sinn a' creidsinn, ri linn nàdar ùine ghoirid (6 bliadhna) de Chùmhnantan nan Seirbheisean Poblach (CSPan) a tha riatanach fo riaghailtean AE, feumaidh co-dhùnaidhean tasgaidh san ùine fhada a bhith aig VesCo, agus gu deireannach le Ministearan na h-Alba. Mhol cuid den an luchd-freagairt gum bu chòir don a' chriùtha a tha aig CalMac aig a' cheart àm a bhith ceangailte ris na soithichean. Ach, as dèidh deasbaireachd leis a' Choimisean Eòrpach, tha sinn air co-dhùnadh nach eil seo comasach agus gun cuir VesCo na bàtaichean a-mach air mhàl chun a' ghnìomhaiche fo rèiteach bann sgrìobhte bàta-lom. Tha an Riaghaltas a' cur cuideam air suidheachadh luchd-obrach ChalMac OpsCo san àm ri teachd nam biodh gnìomhaiche eile soirbheachail na thairgse. Tha Earrann 14 gu h-ìosal a' mineachadh beachdan an Riaghaltais a thaobh a bhith a' cur thairis luchd-obrach.
8. Cha robh mòran beachdachaidh ann a thaobh dreuchd VesCo mar Ghnìomhaiche Ceum mu Dheireadh seach taic gus a bhuileachadh gu luath. 'S e prìomhachas tràth a bhios ann do VesCo dèanamh cinnteach gu bheil rèiteachaidhean freagarrach ann an àite mus tòisich a' chùmhnant ùr.

#### *Faraidhean*

9. Chaidh mòran beachdachaidh a dhèanamh air faraidhean (thog 55 neach-freagairt seo) leis a' chuid a bu mhotha den luchd-freagairt a' sireadh lùghdachadh ann am faraidhean no a' moladh dòighean-làimhseachaidh ath-sgrùdaichte a bheireadh lùghdachadh air faraidhean. As dèidh sgrùdadh a dhèanamh air na molaidhean, tha an Riaghaltas den bheachd gum biodh feum air subsadaidh susbainteach a bharrachd aig an ìre seo gus an cur an gnìomh, agus mar sin tha e air a dhaingneachadh gur e an dòigh-làimhseachaidh a bhios ann gun tèid na faraidhean a tha ann an-dràsta agus structar nam faraidhean òrdachadh mar na faraidhean as ìsle, le àrdachaidhean ann am faraidhean lom cuingealaichte ri àrdachaidhean ann an Clàr Phrisean an Luchd-cleachdaidh sna bliadhnaichean an dèidh sin. Tha an Riaghaltas soilleir na bheachd nach biodh e iomchaidh leigeil leis a' ghnìomhaiche na faraidhean àrdachadh thairis air an ìre as àirde seo. Ach, bidh saorsa ann gus na faraidhean a lùghdachadh tron tairgse agus, far a bheil seo ciallach ann an seagh malairteach, mar eisimpleir far a bheil cothom ann gus trafaig a mheudachadh gus dioladh airson prìsean thiocaidean nas ìsle, bidh brosnachadh aig gnìomhaichean gus an seòrsa innleachdais seo a chleachdadh.

10. Thug 18 neach-freagairt taic do dh'atharrachaidhean beaga ri structar nam faraidhean, gu sònraichte barrachd fharaidhean lasaichte, gu h-àraid do dh'òigridh, agus gun deidheadh structar nam faraidhean aig a' cheann as daoire a thoirt air falbh. San Dùbhlachd 2003, dh'ainmich Ministear na Còmhdhail nach biodh aig luchd-cleachdaidh cunbhalach de cheithir slighean aiseig ri leasachadh a phàigheadh tuilleadh gus siubhal air seòlaidhean aig na h-amannan as trainge, bho thoiseach ràith an t-samhraidh 2004. Tha na rèiteachaidhean ùra a' ciallachadh gum faodar leabhraichean de thiocaidean 6 agus 10 ioma-chuairtean a chleachdadh air seòlaidhean ainmichte aig an fharadh choitcheann. 'S iad na slighean air a bheilear a' toirt buaidh Àird Rosain-Tràigh a' Chaisteil (càr), An t-Òban-Creag an Iubhair (càr), Ceann na Creige-Ìle (càr) agus An Leargaidh Ghallda-Cumbràigh (luchd-siubhail is càr).

### *Ìrean Seirbheis*

11. Mhinich am pàipear co-chomhairleachaidh gun robh an Riaghaltas a' moladh cumail ri clàran-ama agus seirbheisean a' tha ann an-dràsta. Bha taic soilleir ann airson an dòigh-làimhseachaidh òrdaichte seo am measg an 45 neach-freagairt a bheachdaich air, ged a bha mòran dhiubh cuideachd a' faicinn gu robh feum air sùbailteachd gus innleachdas a bhrosnachadh. Tha sinn a' creidsinn gu bheil feum air deagh chothromachadh airson sùbailteachd a cheadachadh fhad 's nach caillear buannachdan nan clàran-ama a chaidh a leasachadh thairis air na bliadhnaichean. Bhiodh dragh oirnn, as aonais dìon airson 's nach fhaodadh atharrachaidhean tachairt ach as dèidh co-chomhairleachadh iomchaidh, gum faodadh atharrachaidhean, a bhiodh tarraingeach a reir coltais, an t-seirbheis a mhilleadh do luchd-cleachdaidh eile. Tha impidh air an Riaghaltas ann a bhith a' brosnachadh innleachdas leis an riatanas gun gabh sinn ris an tairgse aontach a tha feumach air an dioladh ionmhasail as isle. Leis an do-lùbaidheachd seo, tha e cudromach gun urrainnear a bhith cinnteach gu bheil gach tairgse aontach a' solarachadh co-dhiù ìre na seirbheis a tha ann mar-thà.

### *Còmhdhail Amalaichte*

12. Rinn am pàipear co-chomhairleachaidh soilleir gu bheil an Riaghaltas a' toirt prìomhachas do chòmhdhail amalaichte agus thug an 24 neach-freagairt a bheachdaich air a seo aonta aona-ghuthach dha mar phrìomhachas. Ged a bha taic ann airson tiocaideachadh amalaichte, chuir luchd-freagairt barrachd cuideam air a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh cheanglaichean. Tha sinn ag aontachadh gu bheil an dòigh-làimhseachaidh seo iomchaidh san ùine ghoirid agus chaidh an sònrachadh seirbheis a neartachadh gus dèanamh soilleir gum bithear an dùil gun obraich an tairgsear soirbheachail gu dlùth le gnìomhaichean còmhdhail cheangail phoblach. Bidh cùmhnant an t-subsadaidh cuideachd ag iarraidh air an tairgsear soirbheachail làn chompàirt a ghabhail ann an iomairtean thiocaideachadh amalaichte sam bith, a tha buannachdail don a' phoball am beachd Ministearan na h-Alba.

## *A' Ghàidhlig*

13. Bheachdaich 11 neach-freagairt air solarachadh na Gàidhlig anns an dreachd sònrachadh seirbheis le beachdan measgaichte a thaobh èifeachdas: chuir 1 neach-freagairt an aghaidh an t-solarachaidh, bha 5 riarachaidh agus bha 5 eile airson barrachd solarachaidh fhaicinn. Tha sinn air beachdachadh a thaobh co dhiubh a tha barrachd solarachaidh so-dhèante. Ach, tha riaghailtean an AE a' mìneachadh riatanasan anabarrach teann a thaobh dè a tha agus nach eil riatanach tro chùmhnannt an t-subsadaidh. Tha sinn air co-dhùnadh nach eil adhbharan sàbhailteachd ann air an urrainn dhuinn co-roinn de chriùtha le comas a' Ghàidhlig a bhruidhinn air soithichean iarraidh. A dh'aindeoin seo bidh an sònrachadh seirbheis deireannach:
- ag iarraidh air luchd-tairgse beachdachadh air co dhiubh a tha buannachdan co-cheangailte ri bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil àireamh de dh'obraichean ann air tìr agus air muir dhaibhsan a tha comasach air a' Ghàidhlig a bhruidhinn airson dèiligeadh gu h-èifeachdach ri luchd-ceannach SACIG a bharrachd air a bhith nan tobraichean de eòlas ionadail air cruinn-eòlas, cultar, eachdraidh agus fiosrachadh do luchd-turais na sgìre.
  - a' moladh gun dèan an tairgsear soirbheachail cinnteach gum bi co-dhiù aon bhall den chriùtha ann le comas a' Ghàidhlig a bhruidhinn air slighean iomchaidh.
  - ag iarraidh air an tairgsear soirbheachail na sanasan "Fàilte" a tha air teip san dà chànan (Gàidhlig agus Beurla), agus a tha rin cluinntinn aig a' cheart àm air na seachd slighean SACIG a tha a' frithealadh Innse Gall, a ghlèidheadh.
  - ag iarraidh air an tairgsear soirbheachail litreachas agus soighnichean dà-chànanach (Gàidhlig agus Beurla) a sholarachadh ann an àrainnean an luchd-siubhail air na soithichean a tha a' frithealadh nan seachd slighean a tha a' frithealadh Innse Gall.
  - ag iarraidh gun leanar air adhart leis a' chleachdadh a tha ann an-dràsta de bhith a' taisbeanadh ainmean shoithichean an dà chuid ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.

## *Riaghailtean Atharrachaidh Ghnothaichean (Dìon Cosnaidh) 1981 (AGDC)*

14. Bheachdaich 18 neach-freagairt air na solarachaidhean a thaobh a bhith a' cur thairis luchd-obrach agus dh'aontaich iad uile gun robh dìon tèarainteachd agus leantainneachd cosnaidh riatanach. Nì sinn cinnteach gu bheil an dìon seo cho làidir 's a ghabhas. Tha an Riaghaltas a' cur cuideam air suidheachadh luchd-obrach ChalMac OpsCo san àm ri teachd nam biodh gnìomhaiche eile soirbheachail le thairgse. Tha an Riaghaltas a' creidsinn gur ann tro Riaghailtean AGDC as fheàrr a nithear cinnteach gun cumar an criùtha a tha ann an-dràsta lem freumhan làidir ionadail. Chaidh beachdachadh air suidheachaidhean coltach ris a seo bho chionn ghoirid le Tribiunal Cosnaidh agus, mar sin, 's e beachd an Riaghaltais gun cuirear AGDC an sàs. A bharrachd, tha an Riaghaltas am beachd gun glèidhear an riatanas gun cosgaich luchd-tairgse na tairgsean aca seach ma tha AGDC a' buileachadh agus ma gheibhear a-mach (mar ghnòthach lagha) nach eil AGDC a'

buileachadh bhiodh lùghdachadh san t-subsaoidh tron a' chùmhnannt, co-ionnan ri lùghdachadh sam bith ann an cosgaisean a' ghnìomhaiche mar thoradh air a' cho-dhùnadh sin. Bidh ceistean mu phoileasaidhean fastaidh an luchd-tairgse cuideachd ann an iomairt nan tairgsean airson gun urrainnear sgrùdadh a dhèanamh orra.

#### *Peinnseanan*

15. Bheachdaich 6 neach-freagairt air solarachadh airson peinnseanan, agus iad uile a' cur fàilte air. Mhol cuid den luchd-freagairt gum bu chòir do ghnìomhaiche ùr leantainn air adhart le sgeamaichean peinnsean a tha ann mar-thà agus tha sinn a' sgrùdadh co dhiubh as urrainn dhuinn sin a bhrosnachadh mar rud a ghabhadh dèanamh. Mar le atharrachadh an luchd-obrachadh nì sinn cinnteach gu bheil na molaidhean againn air a' cheist seo cho làidir 's a ghabhas.

#### *Ceistean Comharraidh-malairt*

16. Mhol am pàipear co-chomhairleachaidh gum bu chòir do ghnìomhaichean an lionra obrachadh fo shuaicheantas Chaledonian Mhic a' Bhriuthainn, gus dèanamh cinnteach gum mair an comharraidh-malairt agus air sgàth margaideachd san ùine fhada. Fhuair na molaidhean seo freagairt mheasgaichte ach chuir a' mhòr chuid den luchd-freagairt fàilte orra a thaobh na ceiste seo. Tha an Riaghaltas air co-dhùnadh gum bu chòir don ghnìomhaiche ùr obrachadh fo chomharraidh-malairt ChalMac.

#### *Siostam Coileanaidh*

17. Thog na molaidhean airson siostamcoileanaidh beachdan bho 34 neach-freagairt, agus 's e a' cheist shingilte a bu mhotha, dè an ùine a dh'fheumadh a bhith ann as aonais seirbheis mus biodh còir aig an Riaghaltas ceumannan a ghabhail. Bha seo air a stèidheachadh aig seachd làithean sa phàipear co-chomhairleachaidh agus bheachdaich luchd-freagairt gu làidir air co dhiubh a bu chòir seo a lùghdachadh. Tha an Riaghaltas mothachail gu bheil mòran choimhearsnachdan an crochadh air seirbheisean aiseig deatamach. Ach tha e cuideachd cudromach gum bi iomairtean leithid seo cothromach agus gun toirear aithne don ùine a dh'fheumar gus rèiteachaidhean tuiteamach a chur an sàs. Feumaidh an gnìomhaiche ùine reusanta gus an t-seirbheis ath-thòiseachadh. Mar sin lùghdachaidh an sònrachadh seirbheis deireannach an ùine a tha ann mus bi còir aig an Riaghaltas ceumannan a ghabhail bho seachd gu ceithir làithean.
18. Thog 10 neach-freagairt draghan nach robh amasan earbsachd agus tràthalachd teann gu leòr. Bha cuid de na draghan seo stèidhichte air cion tuigse air mar a bhios na h-amasan seo, a tha gun teagamh ioma-fillte, ag obrachadh, agus mar a bhios iad èifeachdach. Bha cuid den luchd-freagairt le eòlas loingeis, draghail nach robh na peanasan mionaid thar mhionaid cothromach agus nochd iad draghan le cuid de na tachartasan faochaidh. Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air an earrainn san t-sònrachadh seirbheis a tha a' buntainn ri mar a bhios an siostam ag obrachadh, gus a dhèanamh nas

soilleire agus chaidh cuid de na riathanasan a theannachadh. Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn mar a dh'obraicheadh na molaidhean ath-sgrùdaichte airson an siostam ann an cleachdadh, le eisimpleirean de 3 slighean le triceadan eadar-dhealaichte de sheòlaidhean.

	<b>Bàgh Wemyss-Baile Bhòid</b>	<b>Claonaig-Loch Raonasa</b>	<b>Ulapul-Steòrnabhagh (chan eilear a' gabhail a-steach an t-seirbheis oidhche airson bathar)</b>
<b>Àireamh de sheòlaidhean clàraichte gach seachdain rè clàr-ama àrd an t-samhraidh 2004</b>	248	124	26

**Àireamh chuibheasach de sheòlaidhean anmoch (seach airson tachartasan faochaidh\*) a dh'fheumar gach seachdain gus modhan rèiteachaidh chonnsaicean a thòiseachadh.**

<b>Thairis is tràth 4 seachdainean roithleach (8%)</b>	20	10	3
<b>Thairis air tràth 12 seachdainean roithleach (4%)</b>	10	5	1½

**Àireamh chuibheasach de sheòlaidhean a chaidh an cur dheth (seach airson tachartasan faochaidh\*) a dh'fheumar gach seachdain gus modhan rèiteachaidh chonnsaicean a thòiseachadh.**

<b>Thairis is tràth 4 seachdainean roithleach (2%)</b>	5	2½	¾
<b>Thairis air tràth 12 seachdainean roithleach (1%)</b>	2½	1¼	⅓

\*S e tachartas a tha a' leigeil 'faochadh' le aon no eile de na buidhnean a tha an lùib a' chùmhnaidh bho bhùilean àbhaisteach gun a bhith a' coileanadh am pàirt den aonta a tha ann an tachartas faochaidh. A thaobh seirbheisean SACIG am measg nan tachartasan sin bidh nithean a' buntainn ri sàbhailteachd no dìon beatha, droch aimsir, suidheachaidhean an làin agus feumalachdan sòisealta.

19. Tha Caledonian Mac a' Bhriuthainn a' dèanamh deuchainn air an t-siostam aig a' cheart àm, gus dèanamh cinnteach gun obraich e gu h-èifeachdach. Mar sin, dh'fhaodadh gum biodh mion-ghrinneas a bharrachd ann air an t-siostamms tèid a crìochnachadh. Cuideachd, thèid sùil mhionaideach a chumail air an siostam coileanaidh rè tràth a' chùmhaint.

*Bann Sgrìobhte an Luchd-cleachdaidh*

20. Bheachdaich 9 neach-freagairt air Bann sgrìobhte an Luchd-cleachdaidh, agus iad gu ìre mhòr a' cur fàilte air. Bha draghan ann gum bu chòir dha a bhith cothromach do luchd-obrach a thuilleadh air luchd-cleachdaidh agus bhithreamaid an dùil gun cumadh an gnìomhaiche co-chomhairle le luchd-obrach a thaobh a shusbaint.

*Rèiteachaidhean Co-chomhairleachaidh*

21. Cheangail co-chomhairle 2002 Ministearan ri co-chomhairle fa leth mu rèiteachaidhean airson a bhith a' co-chomhairleachadh le luchd-cleachdaidh nan aiseagan san àm ri teachd. Rinn sinn ath-sgrùdadh air rèiteachaidhean a tha ann mar-thà, nam measg feadhainn airson nan Eileanan a Tuath, agus dh'fhoillsich sinn pàipear co-chomhairleachaidh san Dàmhair 2002. Chaidh beachdan a shireadh air molaidhean a bha a' nochdadh iarrtasan Mhinistearan airson rèiteachaidhean nas treise agus nas èifeachdaiche airson a bhith a' co-chomhairleachadh le luchd-cleachdaidh nan aiseagan, nam measg iadsan sna h-Eileanan a Tuath. Bha 33 neach-freagairt ann, agus thug iad air fad taic gu ìre mhòr do na molaidhean.

22. Tha Ministearan a-nise air co-dhùnadh:

- gum bu chòir do structar ùr dà-shreathach a dhol an sàs san fheumalachd airson uidheamachdan co-chomhairleachaidh èifeachdach, a' còmhdach nan seirbheisean aiseig deatamach air fad a bhiodh air an solarachadh fo smachd an Riaghaltais, a' sgaradh cheistean ro-innleachdail bho libhrigeadh seirbheis ionadail.
- bu chòir do Chomataidh ùr airson Aiseagan na h-Alba (CAA), le ballrachd farsaing, beachdachadh air nithean ro-innleachdach.
- bu chòir do Chomataidhean Comhairleachaidh ùra airson Seirbheisean Loingeis Arcaibh is Shealtainn beachdachadh air ceistean ionadail iomchaidh a thaobh nan aiseagan.
- bu chòir do na 3 Comataidhean Comhairleachaidh airson Seirbheisean Loingeis a tha ann mar-thà (a' còmhdach a' Chluaidh, Eileanan Innse Gall a Tuath agus Eileanan Innse Gall a Deas) leantainn orra a' beachdachadh mu cheistean ionadail a thaobh aiseagan Chluaidh agus Innse Gall.
- bu chòir do Chomataidh Luchd-siubhail nan Trànaichean (Alba) sgrùdadh a bheachdachadh air nithean a' buntainn ri aiseagan, le sin a' casg dreuchd Chomataidh Luchd-cleachdaidh Chaledonian Mhic a' Bhriuthinn. (CLCM).

23. Tha Ministearan air co-dhùnadh gum bu chòir do na 5 Comataidhean Comhairleachaidh airson Seirbheisean Loingeis (CCSLan) beachdachadh air ceistean gnìomhachaidh a thaobh aiseagan ionadail agus sgrùdadh a dhèanamh air gearanan bho luchd-cleachdaidh a thaobh libhrigeadh sheirbheisean, mar a thathar a' dèiligeadh riutha aig a' cheart àm le Comataidh Luchd-cleachdaidh ChalMac (CLCM). Tha Ministearan a' cur luach air an tabhartas a tha buidhnean coimhearsnachd ionadail, leithid comataidhean aiseagan eileanach, a dèanamh ann a bhith a' nochdadh bheachdan ghnìomhachasan ionadail agus luchd-còmhnaidh, agus tha iad an dùil gun co-chomhairlich na CCSLan leotha agus gun gabh iad suim de na beachdan aca. Tha Ministearan an dùil gum bi na CCSLan ùra agus an SAA an gnìomh ann an 2005. Bidh an SAA a' cumail aire air ceistean ro-innleachdach leithid co-dhealbhadh shlighean agus structaran fharaidhean, beachdan do Mhinistearan air pròiseactan rannsachaidh, ceistean a thaobh leasachadh shlighean agus beachdaichidh e cuideachd air gearanan ro-innleachdach no neo-chomhairliche a chaidh a chur thuige le CCSLan. Bheachdaicheadh Ministearan air gearanan sam bith bho luchd-ceannach a bhiodh gun fhuasgladh aig ìre SAA. Bidh ballrachd nan CCSLan fhathast a' riochdachadh luchd-cleachdaidh ionadail agus buidhnean eile aig a bheil ùidh. Am measg ballrachd an SAA bidh riochdachadh bho na CCSLan, ùghdarrasan ionadail ann an sgìrean a tha air am frithealadh le seirbheisean aiseig le taic bho Mhinistearan na h-Alba, buidhnean nàiseanta le ùidh ann an gnìomhachadh aiseagan agus riochdairean bho luchd-cleachdaidh eile. Tha Ministearan an dùil gum bi cothromachadh reusanta eadar na caochladh chom-pàirtean, leithid gnìomhachas agus riochdachaidhean coimhearsnachd agus iadsan le eòlas sònraichte.

#### *Sàbhailteachd*

24. Chaidh sàbhailteachd nan seirbheisean a thogail le cuid den luchd-freagairt mar cheist èiginneach. Tha an Riaghaltas den aon bheachd agus is urrainn dha co-chomhairlichean a chur à teagamh seach gum bi clàr sàbhailteachd an luchd-tairgse agus am molaidhean airson a bhith a' cumail suas sàbhailteachd nan seirbheisean rè tràth a' chùmhnaidh aig cridhe nan slatan-tomhais an uair a thathar a' measadh thairgsean. Ach, chan eil buaidh sam bith aig molaidhean nan tairgsean air an siostam sàbhailteachd reachdail làidir a tha air a chur an gnìomh le Buidheann-ghnìomha na Mara is nam Maor-chladach (BMM) a tha a' riaghladh gach aiseag a tha ag obair ann an uisgeachan an RA. A reir coltais, bha an luchd-freagairt riarachta leis a' phuing seo, seach gur e 10 amhàin a bheachdaich air nithean sàbhailteachd. Den luchd-freagairt sin, nochd 6 dragh air choireigin agus bha na draghan seo stèidhichte air an eagal gun caillear ealantas agus eòlas ionadail a' chriùtha a tha ann an-dràsta agus fileantas sa Bheurla. Tha molaidhean an Riaghaltais a' dèanamh cinnteach, cho fad 's a ghabhas dèanamh, nach atharraich an criùtha gu grad. Agus chaidh an sònrachadh seirbheis a neartachadh le riatanas sònraichte gu bheil comas aig a' chriùtha gus bruidhinn ann am Beurla ri luchd-siubhail agus ri chèile, a' coileanadh ìrean a tha air am mineachadh ann an riaghailtean sàbhailteachd, agus gum feum an criùtha agus an luchd-obrach air tìr, a tha a' dèiligeadh gu dìreach le luchd-cleachdaidh nan seirbheisean, a bhith fileanta sa Bheurla. Ni roinneadh air an dleastanas eadar an gnìomhaiche agus VesCo cinnteach nach eil mì-chinnt sam bith ann a thaobh dleastanas airson

sàbhailteachd. Feumaidh luchd-tairgse dèanamh cinnteach cuideachd gu bheil na rèiteachaidhean criùtha a tha iad a moladh, a solarachadh ìre iomchaidh de dh'èalantas, eòlas agus trèanadh gus na seirbheisean a sholarachadh.

25. Dh'iarr cuid den luchd-freagairt gun cumadh cabhlach VesCo a' dol fo bhratach an RA fad tràth a' chùmhaint. Tha fios againn nach leig riaghailtean AE leis an Riaghaltas seo a dhèanamh tro chùmhaint an t-substaidh ged a dh'fheumas bratachadh a bhith cuingealaichte ri stàitean an AE/CEA. Ach, beachdaichidh VesCo air co dhiubh a bhiodh e iomchaidh an riatanas seo a chur ann an cùmhaintan fasdaidh leis a' ghnìomhaiche.

#### *Clàran-ama agus Seirbheisean*

26. Rinn luchd-freagairt raon farsaing de mholaidhean a' buntainn ris na clàran-ama mar a tha iad an-dràsta seach molaidhean nan tairgsean. Chaidh beachdachadh gu cùramach air gach moladh (le CalMac far an robh seo iomchaidh) gus dèanamh cinnteach gun urrainnear atharrachaidhean sam bith, a tha so-dhionaidh no so-dhèante, a chur a-steach aig an ìre as ìsle de sheirbheis anns an t-sònrachadh seirbheise deireannach. Ann am mòran chùisean, cha bhiodh e comasach leasachaidhean a dhèanamh air aon t-seirbheis gun call adhbhrachadh do sheirbheis eile.
27. Mhol am pàipear co-chomhairleachaidh gum biodh seirbheis geamhraidh charbadan Mhalaig-Armadal agus seirbheis geamhraidh An Tairbeairt-Port a' Mhadaidh, a bha roimhe seo air a ghnìomhachadh le Caledonian Mac a' Bhriuthainn taobh a-muigh an gnothach reachdail, mar phàirt den ìre as ìsle a bhiodh riatanach agus chuir luchd-freagairt fàilte aona-ghuthach air a seo.
28. Mhol am pàipear co-chomhairleachaidh cuideachd gum biodh seirbheisean aiseig ùr no àrdaichte ann a thigeadh gu bhith mar phàirt den ìre as ìsle. Chaidh fàilte aona-ghuthach a chur air seirbheis Chaolas Bharraigh, seirbheis àrdaichte Chaolas Na Hearadh, seirbheis gheamhraidh luchd-siubhail eadar Cille Chòmhain agus Tobar Mhoire, agus seirbheisean àrdaichte a-mach às an Òban as t-samhradh. Thug 5 neach-freagairt taic do dh'àrdachaidhean a bharrachd air seirbheis geamhraidh Chille Chòmhain-Tobar Mhoire agus chaidh ainmeachadh sa Mhàirt 2003 gun deidheadh an t-seirbheis seo a leudachadh gus carbadan a ghiùlain. Tha na seirbheisean seo uile a-nis an gnìomh. Thòisich seirbheis Caolas Bharraigh sa Ghiblean 2003 agus bha seirbheis luchd-siubhail agus charbadan mar phàirt de chlàr-ama geamhraidh 2003-04 Chille Chòmhain-Tobar Mhoire.
29. Chaidh molaidhean airson slighean thar-talmhainn, a dheidheadh an àite cuid de sheirbheisean aiseig le lìonra de thurasan mara na bu ghiorra agus turasan thar-talmhainn a nochdadh sa phàipear co-chomhairleachaidh, a' moladh gun deidheadh rannsachadh a dhèanamh rè ùine a' chiad chùmhaint air na roghainnean ùine fhada seo. Bheachdaich 15 neach-freagairt air slighean thar-talmhainn Mhuile agus Ìle-Diùra, gu ìre mhòr a' cur fàilte air an rannsachadh, agus le taic beagan na bu làidire airson slighe Mhuile. Chaidh buannachdan triceid agus seirbheisean na bu ghiorra agus na b' earbsaiche a thogail ged a bhathar a' tuigsinn gum biodh feum air tasgadh airgid shusbainteach sa

bhunstructair, dragh mu bharrachd trafaig rathaid air na h-eileanan agus cion goireasachd airson luchd-cleachdaidh còmhdaidh phoblach. Thèid na ceistean seo a chòmhdach san rannsachadh a thathar a' moladh.

30. Chaidh molaidhean a dh'fhaodadh a bhith iomchaidh airson reusantachadh sheirbheisean aiseig gu Liosmòr a mhìneachadh cuideachd ann an pàipear co-chomhairleachaidh 2002. Dhaingnich seo gun robh àireamh de cheistean fhathast gun rèiteach agus chuir e fàilte air ciad bheachdan airson co-dhealbhachadh. Fhuair freagairt shusbainteach agus chaochlaideach agus na draghan a bu mhotha air daoine gun toireadh ath-dhealbhadh droch bhuaidh air luchd-cleachdaidh air chois, a bha an crochadh air seirbheis dhìreach dhan Òban, agus nach brosnachadh e a bhith a' cleachdadh còmhdaidh phoblach. Tha e soilleir gum feumar tuilleadh beachdachaidh mionaideach a dhèanamh air a' ghnòthach. Tha co-chomhairleachadh fo stiùireadh ionadail air a bhith ann bho chionn ghoirid a thaobh na ceist seo, agus tha an Riaghaltas a' toirt taic dhan dòigh-làimhseachaidh co-aontachail seo. Sheall an sgrùdadh mu dheireadh a-rithist gun robh freagairt mheasgaichte ann, ged a fhuair an roghainn airson seirbheis gheamhraidh àrdaichte airson charbadan, eadar An t-Òban agus Ach na Croise, an taic a bu mhotha. Tha an Riaghaltas an dùil beachd a ghabhail air builean an sgrùdaidh seo nuair a tha e a' beachdachadh air solarachadh airson Liosmòr san àm ri teachd. **Ach, thathar a' fiadhachadh tuilleadh beachdan bho cho-chomhairlichean a thaobh na ceiste seo.** (faicibh earrainnean 23 gu 28 den phrìomh phàirt den sgrìobhainn cho-chomhairleachaidh seo).
31. Bha cuid den luchd-freagairt airson gun deidheadh seirbheis dhìreach eadar Malaig-Loch Baghasdail a thoirt a-steach. Mar a tha air a mhìneachadh ann an earrainn 29 den phrìomh phàirt den sgrìobhainn seo, tha Ministearan an dùil ìre na seirbheis a dhion, mar a tha i an-dràsta thairis air an lionra air fad, agus mar sin, chan urrainnear gealltanais a thoirt air seirbheis leithid seo, gus am bi na builean ionmhasail is eile soilleir. Tha an Riaghaltas an dùil obrachadh le CNES, Comhairle na Gaidhealtachd, IGE agus CalMac gus molaidhean a leasachadh. Cumar measadh SMCA<sup>3</sup> as dèidh sin.
32. Tha prìomh atharrachaidhean chun na seirbheisean air am mìneachadh ann an Leas-phàipear B.

#### *Ceistean Eile*

33. Thog luchd-freagairt na co-chomhairle àireamh de cheistean eile a' buntainn ris an t-seirbheis fhèin agus atharrachaidhean no leasachaidhean a bha iad airson fhaicinn. Seach gu bheil cuingealachaidhean an lùib an t-subsadaidh agus seach gum feumar dèanamh cinnteach nach adhbhraichear ana-cothrom do na seirbheisean eile, cha bhi na ceistean seo mar phàirt den riatanas as ìsle airson na seirbheis. Ach, tha sinn an dùil liosta de na molaidhean a chur dhan t-sònrachadh seirbheis deireannach, agus luchd-tairgse a bhrosnachadh gus beachdachadh air co dhiubh a bhiodh iad airson an toirt air adhart le aire don chom-pàirt mhalairteach aca fhèin. Thathar an dùil gun tèid an liosta seo

---

<sup>3</sup> Stiùireadh Measaidh Còmhdaidh na h-Alba

ùrachadh as dèidh eacarsaich co-chomhairleachaidh 2004. Tha na molaidhean a chaidh a dhèanamh ann an co-chomhairle 2002 air an liostadh gu h-ìosal airson fiosrachadh. Bidh co-chomhairlichean airson cuimhneachadh, ge-tà, nach eil e taobh a-staigh cumhachdan Mhinistearan na h-Alba fàbhar fhaighinn le tairgse a tha a' tabhann rudan a bharrachd air an ìre as ìsle.

Riochdachaidhean a rinneadh a thaobh structaran nam faraidhean:

- tiocaid tillidh 7 latha (seach 5 latha)
- lùghdachadh prise do dh'eileanaich (thar nan rèiteachaidhean a tha ann an-dràsta, a rèir coltais)
- tiocaidean APEX
- tiocaidean ràitheil (gach cairteal no gach bliadhna)
- bu chòir do dh'easlaimeachd pris siubhail lùghdaichte fhaighinn (aig a' cheart àm tha dotairean a' toirt seachad barantas siubhail)
- bu chòir ceadan buileachadh thairis air crìochan ùghdarrasan ionadail
- bu chòir cosgais airson draibhear a bhith air carbadan a tha a' siubhal gun neach cuide riutha air gach slighe
- bu chòir cisteachan-laighe agus carabadan nam mairbh a bhith air an giùlain an-asgaidh
- tiocaidean tillidh saora aon latha air na slighean as giorra
- càirtean Young Scot a bhith leudaichte gu turasan aiseig/faraidhean lùghdaichte do dhaoine òga
- bu chòir do chosgais bho Ìle a bhith co-ionnan a dh'aindeoin dè am port a thathar a' cleachdadh
- cha bu chòir do chosgaisean bathar a bhith nas àirde na tha gnìomhairean eile a tha ann am farpais a' tabhann air seirbheis bathar a-mhàin
- bu chòir barganachadh airson cosgaisean sònraichte a thoirt a-steach airson a bhith a' giùlain sgudal airson ath-chuartachadh
- bu chòir dòigh-làimhseachaidh saoghalach airson faraidhean lasaichte bus a leudachadh gu luchd-siubhail aiseagan
- bu chòir crìochan nan Eileanan Siar a leudachadh gu puirt mhara tìr mòr airson gum biodh faraidhean lasaichte co-ionnan air gach taobh den Chuan Sgìth
- bu chòir gum biodh companach do dhaoine dall air a ghabhail a-steach còmhla ri lasachadh airson nan dall
- cairtean siubhail leth-phris airson – daoine seachad air 60, daoine ciorramach, daoine gun chosnadh, sgeamaichean trèanaidh riaghaltais, oileanaich agus daoine òga, buidhnean carthannais stèidhichte air eileanan, buidhnean sgoile, luchd-còmhnaidh nan eilean. Càirtean ri bhith air an cleachdadh air slighean ChalMac gu lèir agus air seirbheisean bus a tha a' ceangal riutha
- tiocaidean teaghlaich nas saoire
- bu chòir do shiubhal eadar eileanan a bhith saor dhan t-sluagh ionadail taobh a-muigh prìomh ràith na turasachd
- faraidhean lùghdaichte nuair a thathar a' ceannach tiocaidean ro-làimh
- bu chòir beachdachadh air cead siubhail saoghalach a bheir lùghdachadh pris air còmhaidh phoblach air fad (aiseagan nam measg) mar phàirt de sgeama nàiseanta airson saoranaich le teachd-a-steach ìseal agus airson oileanaich

- barrachd cleachdaidh de fharaidhean brosnachail
- bu chòir lasachadh do dhaoine seachad air 60 a ghabhail a-steach gun a bhith an crochadh air solarachadh bho ùghdarras ionadail
- faraidhean coidse nas sùbailte

Riochdachaidhean a rinneadh a thaobh seirbheisean:

- barrachd sheirbheisean bathar tron oidhche gus cuideam a thoirt far ciad seòlaidhean maidne
- barrachd sheòlaidhean bathar fa leth gus àiteachan a shaoradh do chàraichean rè ràith na turasachd
- barrachd sheirbheisean bathar sgaoilte aig prìsean reusanta air feadh an lionraidh
- seòlaidhean nas anmoiche, gu h-àraid air Dihaoine
- barrachd cheanglaichean eadar-eileanach
- barrachd stadan air seirbheisean às an Òban (m.e. Tobar Mhoire)
- barrachd shoithichean a' tighinn gu port aig eileanan, gus seòlaidhean nas anmoiche agus nas tràithe a chur ris na clàran-ama

Riochdachaidhean a rinneadh a thaobh cheistean eile:

- leasachaidhean a thaobh a bhith a' làimhseachadh agus a' faighinn cuideachadh le lòdrach phearsanta, gu h-àraid do sheann daoine, agus dhàibhsan aig a bheil teaghlaidhean òga. Am measg nam molaidhean bha iarrtas gus' dèanamh cinnteach gun robh troilidhean rim faotainn no a bhith a' cur a-steach bhagannan mar a thathar a' dèanamh air itealain.
- bu chòir dhan a' ghniomhaiche co-obrachadh leis a' chleachdadh a tha ann mar-thà de bhith a' glèidheadh àite sònraichte airson èiginnean meidigeach air turasan fada agus neo-thric – gam fuasgladh ro sheòlaidhean mura h-eil feum orra.

## **Leas-phàipear D**

### **SGAOILEADH NA SGRÌOBHAINNE CO-CHOMHAIRLEACHAIDH SEO**

1. Tha sgaoileadh na sgrìobhainne co-chomhairleachaidh seo coltach ri sgaoileadh sgrìobhainne co-chomhairleachaidh 2002:

- BPAan (le com-pàirt roinne-pàrlamaid agus/no air Comataidh Riaghaltas Ionadail agus Còmhhdhail Pàrlamaid na h-Alba)
- BPan (le com-pàirt roinne-pàrlamaid)
- BPEan airson Alba
- Ùghdarrasan Ionadail (A' Ghaidhealtachd 's na h-Eileanan, Earra-Ghaidheal agus Bòid, Na h-Eileanan Siar, Inbhir Cluaidh agus Siorrachd Air a Tuath)
- Comhairlichean (le com-pàirt roinne-pàrlamaid)
- Comhairlean Coimhearsnachd (airson sgìrean iomchaidh)
- Companaidhean Iomairt (airson sgìrean iomchaidh)
- Bùird Thurasachd (airson sgìrean iomchaidh)

- Comataidhean Comhairleachaidh Sheirbheisean Loingeis, Comataidhean Luchd-cleachdaidh Chaledonian Mhic a' Bhriuthainn agus Comataidhean Aiseig ionadail
  - Ùghdarrasan Cala (airson lionradh SACIG)
  - Gnìomhaichean aiseig is còmhhdail eile
  - Gach neach-freagairt a thug freagairt do *A' Libhrigeadh Sheirbheisean Aiseig Deatamach, Molaidhean airson a bhith a' Tairgsinn Sheirbheisean Aiseig Deatamach Chluaidh & Innse Gall agus Molaidhean airson a' bhith a' Tairgsinn Sheirbheisean Aiseig Guireag gu Dùn Omhain.*
2. Chaidh lethbhric a chur cuideachd gu leabharlannan ionadail, IFRA (Ionad Fiosrachaidh Pàrlamaid na h-Alba) agus oifisean agus soithichean ChalMac.

## **Leas-phàipear E**

### **IOMAIRT CO-CHOMHAIRLEACHAIDH RIAGHALTAS NA H-ALBA**

1. Tha co-chomhairleachadh an dà chuid riatanach agus cudromach a thaobh modhan-obrach Riaghaltas na h-Alba. Seach gu bheil roinnean obrach farsaing aig Riaghaltas na h-Alba, tha iomadh seòrsa co-chomhairleachadh ann. Ach, sa bhitheantas, tha eacarsaichean co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba ag amas air cothroman a thoirt dhan a h-uile neach a tha airson am beachdan a nochdadh a thaobh raon-obrach a thathar a' moladh, agus gun dèanar seo ann an dòighean a bheir fiosrachadh agus àrdachadh don obair sin.
2. Ged a dh'fhaodas mion-fhiosrachadh mu shuidheachaidhean sònraichte a thèid a mhineachadh ann am freagairt do sgrìobhainn co-chomhairleachaidh, a bhith cuideachail ann a bhith a' toirt fiosrachadh do dh'iomairt a' phoileasaidh, chan urrainn do dh'eacarsaichean co-chomhairleachaidh a dhol an sàs ann an suidheachaidhean no beachdan fa leth, a bu chòir a bhith air an stiùireadh chun na buidhne poblach iomchaidh. Dh'fhaoidte gum feumar beachdan a shireadh ann an diofar dhòighean ri linn eacarsaichean co-chomhairleachaidh, leithid coinneamhan poblach, buidhnean amais no eacarsaichean cheisteachain.
3. Gu dualach, an lùib cho-chomhairleachaidhean Riaghaltas na h-Alba, bidh pàipear sgrìobhte a' fiadhachadh fhreagairtean do cheistean sònraichte no beachdan nas coitcheann mun stuth a thathar a' taisbeanadh. Tha pàipearan sgrìobhte air an sgoileadh gu buidhnean agus gu daoine fa leth aig a bheil com-pàirt ann an raon a' cho-chomhairleachaidh, agus tha iad cuideachd air an cur air larach-lìn Riaghaltas na h-Alba<sup>4</sup>, a' toirt cothrom do luchd-amharc nas farsainge gus am pàipear fhaighinn agus gus am freagairtean a chur a-steach. Tha lethbhric de na freagairtean air fad a fhuairteadh don eacarsaich co-chomhairleachaidh (ach na feadhainn far an do dh'iarr an neach no a' bhuidheann diomhaireachd) air an cur do leabharlann Riaghaltas na h-Alba aig Taigh Saughton, Dùn Èideann (K Spur, Taigh Saughton, Slighe Broomhouse, Dùn Èideann, EH11 3XD, fòn 0131 244 4552).

<sup>4</sup> <http://www.scotland.gov.uk/consultations>

4. Tha na beachdan agus na molaidhean a tha air am mineachadh ann am freagairtean cho-chomhairlichean air an sgrùdadh agus air an cleachdadh san iomairt nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnaidhean. A rèir nàdar an eacarsaich co-chomhairleachaidh, dh'fhaodadh na freagairtean a fhuairleadh:
- sealltainn gu bheil feum air leasachadh no ath-sgrùdadh air poileasaidh
  - fiosrachadh a chur ri leasachadh poileasaidh sònraichte
  - cuideachadh gus roghainnean a dhèanamh eadar molaidhean airson poileasaidhean eadar-dhealaichte
  - a bhith air an cleachdadh gus reachdas a thoirt gu crìch mus tèid a bhuileachadh

5. Ma tha beachd sam bith agaibh mun dòigh anns an deach an eacarsaich co-chomhairleachaidh seo a dhèanamh, cuiribh iad gu:

Ainm: Iain Davidson  
Seòladh: Roinn na Còmhdhail 4  
Roinn Iomairt, Còmhdhail & Ionnsachadh Fhad-bheatha  
Riaghaltas na h-Alba  
2-F (taobh an doca)  
Cidhe Bhictoria  
Dùn Èideann  
EH6 6QQ

Fòn: 0131 244 0623  
Post-d: [john.b.davidson@scotland.gsi.gov.uk](mailto:john.b.davidson@scotland.gsi.gov.uk)

6. Tha siostam furachail puist-d a-nis aig Riaghaltas na h-Alba airson co-chomhairlean RA (co-chomhairleRA<sup>5</sup>). Tha an siostam seo a' leigeil le daoine fa leth agus buidhnean a tha nan luchd-geall, clàradh agus post-d fhaighinn gach seachdain le mion-fhiosrachadh mu cho-chomhairlean ùra RA air fad (ceanglaichean-lin nam measg). Tha Co-chomhairleRA a' cur ri liostaichean sgaoilidh RA, ged nach eilear a' dol nan àite ann an dòigh sam bith, agus tha e air a dhealbhadh gus leigeil le luchd-geall cumail suas ri gnìomhan co-chomhairleachaidh RA, agus a bhith a' faighinn fios cho luath 's a ghabhas mun fheadhainn as inntinniche. Bhrosnaicheadh sibh gus clàradh.

---

<sup>5</sup> <http://www.scotland.gov.uk/consultations/seconsult.aspx>